

Ath-sgrùdadh
Riaghladh
Ionadail

Democracy Matters

A' choimhearsnachd agad. Na beachdan agad.
An t-àm ri teachd agad

Democracy Matters Ìre 2

Democracy

[dih-mok-ruh-see]

Government by the people; a form of government in which the supreme power is vested in the people and exercised directly by them or by their elected agents under a free electoral system.

Matters

[mat-ers]

a situation, state, affair, or business
Something of consequence.

Clàr-innse

An t-slighe gu ruige seo	04
Deamocrasaidh Diofraichte san Àm ri Teachd	07
Cumhachdan	08
Riochdachadh	09
Cunntachalachd agus Com-pàirteachadh	10
A' suidheachadh Chrìochan agus Prìomhachasan Ionadail	11
Inbhean, Goireasan agus Dàimhean	12
Ag Àrach Comas Coimhearsnachd	13
Eisimpleirean Làithreach de Cho-dhùnaidhean leis a' Choimhearsnachd	14
Faclair	17

An t-slighe gu ruige seo

Tha cuideigin, ann am badeigin a' dèanamh cho-dhùnaidhean às do leth. Ann an còmhraidhean Democracy Matters ann an 2018 rannsaich sinn an gabhadh mòran a bharrachd de na co-dhùnaidhean sin a dhèanamh leis a' choimhearsnachdan fhèin. Tha seo na phàirt chudromach agus ceangailte den Lèirmheas Riaghladh Ionadail nas fharsainge a tha a' coimhead thairis air seirbheisean poblach deatamach na h-Alba uile gus beachdachadh air mar a bu chòir cumhachd agus goireasan a cho-roinn eadar riaghaltas nàiseanta agus ionadail.

Ghabh còrr is 4,000 duine pàirt anns a' chiad shreath de còmhraidhean Democracy Matters anns na ceudan de dh'àiteachan. Thàinig daoine còmhla sna coimhearsnachdan cruinne-eòlasach no ùidhe aca gus beachdachadh air beagan cheistean farsaing:


- Mu na dh'ionnsaich iad bho bhith an sàs ann am pròiseasan co-dhùnaidh ionadail.
- A bheil iad airson 's gum bi barrachd smachd aig a' choimhearsnachd air cuid de co-dhùnaidhean, agus dè na co-dhùnaidhean a bhiodh ann.
- Na seòrsaichean agus meudan coimhearsnachd as fheàrr airson a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean airson an àm ri teachd.

- Na structairean agus pròiseasan trom b' urrainn do choimhearsnachdan cumhachd a chleachdadh.

Tha na tha daoine air innse dhuinn gu ruige seo gu bheil miann aca tòrr a bharrachd smachd a bhith aca air na thachras anns na h-àiteachan air a bheil iad eòlach, a' cruthachadh cothrom inntinneach airson a' chruth-atharrachaidh as motha bho thachair tiomnadh cumhachd.

Tha stiùirichean san roinn phoblaich ann an Alba cuideachd air a bhith a' cur am beachdan air adhart a thaobh atharrachaidhean air an dòigh sa bheil cumhachdan, goireasan agus dleasan air an co-roinn eadar riaghaltas nàiseanta agus ionadail, an roinn phoblach san fharsaingeachd, agus le coimhearsnachdan. Tha Riaghaltas na h-Alba agus riaghaltas ionadail dealasach mun phrionnsabal gum bu chòir co-dhùnaidhean a bhith air an dèanamh faisg air na daoine air an toir iad buaidh, agus mu phrionnsabail an fhèin-riaghlaidh ionadail.

Nuair a thathar a' beachdachadh air mar a tha Alba air a riaghladh tha e cudromach a bhith a' tuigsinn dè an t-àite as fheàrr airson co-dhùnaidhean eadar-dhealaichte a dhèanamh, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na raointean riaghlaidh coimhearsnachd, ionadail, roinneil agus nàiseanta a' tighinn còmhla ann an dòighean a tha taiceil dha chèile.



A' cuideachadh gus smaoineachadh air deamocrasaidh diofraichte san àm ri teachd

Tha daoine bho raon farsaing de shuidheachaidhean fada den bheachd gur ann as fheàrr a tha àiteachan eadar-dhealaichte agus coimhearsnachdan eadar-mheasgte ag obair nuair a tha smachd ionadail aca air, agus iad an sàs ann an co-dhùnaidhean a tha a' toirt na buaidh as motha orra. Tha feum air cruth-atharrachadh ann an dòigh-riaghlaidh na h-Alba ma tha daoine gu bhith a' faireachdainn gu bheil barrachd smachd aca air cruth an àite aca fhèin san àm ri teachd. Ma nì sinn an t-atharrachadh seo gu ceart, is e dàimh ùr agus leasaichte eadar daoine agus na seirbheisean poblach aca an toradh a bhios ann.

Thòisich còmhraidhean Democracy Matters air dealbh a' toirt seachad den t-seòrsa shiostaman agus institiudan deamocratach ionadail a bhiodh a dhìth gus cumhachd agus goireasan a chur ann an làmhnan muinntir an àite. Lean seo an *Coimisean air Neartachadh Deamocrasaidh Ionadail*¹ a rinn argamaid airson riaghaltas ionadail le barrachd cumhachd agus airson aonadan deamocrasaidh nas lugha, is nas ionadaile. Tha e cuideachd a' dol leis na chaidh ionnsachadh bho phròiseasan com-pàirteachaidh leithid Seanaidhean Saoranaich agus Buidseatadh Com-pàirteachail a tha cuideachd a' sealltainn gum faodadh beatha dheamocratach eadar-dhealaichte a bhith againn ann an Alba. Tha mar a nithear cinnteach gu bheil na pròiseasan sin a' cur fàilte air daoine bho gach suidheachadh agus eachdraidh mar phàirt chudromach den ionnsachadh gu ruige seo.

Ann a bhith a' sgrìobhadh a' phàipeir seo gus taic a thoirt dhan dàrna ìre de chòmhraidhean, tha sinn air tarraing air na beachdan agus na gnàth-eòlasan sin gus cunntas a thoirt air siostam beothail, co-ionann de dheamocrasaidh ionadail far a bheil daoine a' tuigsinn an cuid chòraichean agus a' gabhail pàirt gnìomhach ann am beatha chatharra. Le bhith a' togail air an iomadh eisimpleir a th' ann an-dràsta far a bheil gnìomhachd air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd ag obair gu math, tha sinn a' toirt cunntas air mar a b' urrainn do choimhearsnachdan ann an trì àiteachan ficseanail còraichean agus dleastanasan laghail ùra a chur an sàs gus rèiteachaidhean riaghlaidh coimhearsnachd ùra a stèidheachadh gus tòiseachadh air co-dhùnaidhean a dhèanamh a chuireas ri leas muinntir an àite.

Ged a tha e ceart gum bi na coimhearsnachdan fhèin a' co-dhùnadh ciamar a bu chòir deamocrasaidh ionadail a bhith ag obair, tha fios againn nach eil e furasta smaoineachadh air àm ri teachd a bhios eadar-dhealaichte. Aig deireadh a' phàipeir seo cuideachd, gheibhear eisimpleirean de ghnìomhan air an stiùireadh le coimhearsnachdan agus de na buannachdan a tha an lùib seo. Is dòcha gum bi e feumail dhut beachdachadh am biodh gnìomhan den t-seòrsa seo na b' fhasa mar thoradh air na h-ullachaidhean ùra anns na trì àiteachan ficseanail tro ghluasad cumhachd agus goireasan.

1 https://www.cosla.gov.uk/_data/assets/pdf_file/0016/18052/thecommissiononstrengtheninglocaldemocracyfinalreportaugust2014.pdf

Na tha sinn ag iarraidh air daoine a dhèanamh

Tha sinn a-nis ag iarraidh air daoine air feadh na h-Alba còmhraidhean a chumail anns na coimhearsnachdan aca stèidhichte air na goireasan ùra aig Democracy Matters. Tha sinn airson gun smaoinich thu air na beachdan a chuir sinn a-mach san t-suidheachadh gu h-ìosal, agus gun innis thu dhuinn an e seo na seòrsaichean rèiteachaidhean riaghlaidh a choileanadh feumalachdan agus miannan nan coimhearsnachdan.

Tha an ath cheum seo de chòmhraidhean Democracy Matters a' toirt cothrom eile dhuinn gus an uimhir 's a ghabhas de ghuthan a chluinntinn agus cuideachadh gus cumadh a thoirt air rèiteachaidhean san àm ri teachd. Co-dhiù tha do choimhearsnachd air a sònrachadh le cruinn-eòlas, le ùidh a th' agaibh sa chumantas, no leis an dà chuid, bu mhathe leinn gum biodh tu an sàs sa chòmhradh.

Na nì sinn leis na beachdan a bheir thu dhuinn

Bidh na bhios daoine ag innse dhuinn a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh am bu chòir cuid de cho-dhùnaidhean air raon farsaing de sheirbheisean poblach riatanach na h-Alba a tha an urra ri riaghaltas nàiseanta no ionadail aig an àm seo a thoirt nas fhaisge air na daoine air an toir iad a' bhuaidh as motha. Bidh seo a' stiùireadh na h-obrach a dh'fheumas Riaghaltas na h-Alba, riaghaltas ionadail, com-pàirtichean san roinn phoblach, agus an roinn coimhearsnachd a dhèanamh

còmhla gus dealbhadh gu mionaideach mar a dh'obraicheadh na rèiteachaidhean ùra ann an suidheachaidhean coimhearsnachd eadar-mheasgte.

Bidh dòigh-obrach àrd-amasach a thaobh a bhith ag atharrachadh mar a bhios cumhachdan agus goireasan air an co-roinn iom-fhillte. Thuirt daoine rinn gum bu chòir dhuinn cumail oirnn ag obair còmhla riutha, agus ùine gu leòr a ghabhail gus a dhèanamh gu ceart. An toiseach, feumaidh sinn a bhith cinnteach gum bi rèiteachaidhean san àm ri teachd a' freagairt air miann dhaoine gum bi còir aig a h-uile coimhearsnachd fìor chumhachd a ghabhail thairis, ach a bhith comasach air seo a dhèanamh nan dòigh fhèin agus aig an astar fhèin. San dàrna àite, feumaidh sinn a bhith cinnteach gu bheil na h-ullachaidhean sin air an stèidheachadh ann an dòigh a bhios buannachdail dhan h-uile duine, gu sònraichte an fheadhainn nach bi a' dèanamh gu math fo na rèiteachaidhean co-dhùnaidh làithreach.

Gus an daingneachadh sin a thoirt seachad, bidh ìre beachdachaidh eile a' leantainn còmhraidhean Democracy Matters. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' toirt cuireadh do dhaoine tighinn còmhla ann an diofar àiteachan gus beachdachadh gu mionaideach air rèiteachaidhean san àm ri teachd. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an riochd Diùraidhean Saoranach, air an dèanamh suas de dhaoine a tha air an taghadh air thuaiream a tha riochdachail de sgìre. Gheibheadh diùraidhean taic gus molaidhean mionaideach a sgrùdadh agus gus molaidhean a dhèanamh airson leasachaidhean deireannach.

Deamocrasaidh Diofraichte san Àm ri Teachd

A' cleachdadh na dh'innis daoine dhuinn anns a' chiad ìre de chòmhradh Democracy Matters, thug sinn cunntas air mar a ghabhadh cumhachd agus goireasan a cho-roinn le coimhearsnachdan. Tha sinn air trì coimhearsnachdan ficseanail a chleachdadh gus mineachadh mar a dh'fhaodadh seo obrachadh ann an àiteachan gu math eadar-dhealaichte.

Tha sinn an dòchas gum faic thu rudeigin a tha coltach ris an sgìre agadsa ann an co-dhiù aon de na coimhearsnachdan ficseanail seo. Feuch an smaoinich thu air an t-suidheachadh gu h-ìosal a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd, agus beachdaich an dèanadh, agus ciamar a dhèanadh, an seòrsa suidheachaidh deamocrataich seo diofar sa choimhearsnachd agad fhèin.

Tha **Baile Chrisdein** na bhaile beag ann an taobh an iar na h-Alba. Bha e na bhaile beartach uair, ach tha gnìomhachas air crìonadh. Bidh muinntir an àite a' toirt cunntas air mar a bha an t-àite beòthail san àm a dh'fhalbh, le mòran luchd-obrach sgìleil, ach tha dragh orra mu mar a dhèiligeas iad ris na dùbhlain eaconamach is shòisealta làithreach. Tha ionad spòrs ùr-nodha air fhosgladh bho chionn ghoirid, agus tha iomairtean aig a' chomhairle leithid sgeamaichean preantasachd agus sgilean didseatach a' togail misneachd dhaoine. Ach, tha daoine ag aithris gu bheil iad ag iarraidh dòigh-obrach eadar-dhealaichte gus dèiligeadh ri neo-ionannachd anns a' bhaile agus gu bheil iad ag iarraidh a bhith an sàs barrachd ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun soirbhich leis a' bhaile aon uair eile. Chaidh am pròiseas seo a thòiseachadh mar-thà leis a' chomann taigheadais stèidhichte sa choimhearsnachd agus le urras leasachaidh ùr a tha air smachd a ghabhail air an ionad coimhearsnachd ionadail.

Tha **Cnoc na Rainich** na coimhearsnachd ann am mòr-bhaile. Tha dearbh-aithne làidir aige

agus bha e na bhaile fa leth uair. Tha prìomh shràid le bùithtean ann agus b' àbhaist taigh-dhealbh agus taigh-cluich a bhith ann. Tha leabharlann agus sgoiltean fhathast ann a tha a' frithealadh air coimhearsnachd a tha a' sìor-fhàs nas eadar-mheasgte. Bho chionn ghoirid tha àrdachadh air a bhith ann an àireamh nam buidhnean coimhearsnachd a chaidh a stèidheachadh, mar thoradh gu ìre air pròiseas Buidseat Com-pàirteachail a chaidh a chumail. Tha buidheann ann a tha ag iarraidh piseach a thoirt air a' phàirc ionadail cho math ri buidhnean a tha a' toirt taic do dhaoine òga, seann daoine, fògarraich agus daoine air a bheil ciorram. Tha companaidh ioma-nàiseanta mòr ag ùrachadh seann fhactaraidh sa choimhearsnachd aig an àm seo gus ionad seirbheis a stèidheachadh, a' fàgail gum bi obraichean ann le deagh phàigheadh a bheir buannachd dhan bhaile air fad.

'S e sgìre ann an Alba dhùthchail a th' anns **A' Chala**. Chan eil fhios aig duine sam bith cò as a thàinig an t-ainm, ach sin na th' aig a h-uile duine air an àite. Tha e na mheasgachadh de thalamh àiteachais agus mòinteach àrd. Tha aon phrìomh bhaile-beag sa Chala, cho math ri beagan bhailtean-beaga nas lugha. Tha nas lugha de dhaoine ag obair air na tuathanasan, sna bùthan agus sna taighean-òsta ionadail a-nis agus tha cuideam air taigheadas do dhaoine òga. Ach tha fàs air a bhith ann an gnìomhachasan ùra le daoine a tha ag obair air an ceann fhèin agus ann an turasachd a tha co-cheangailte ris a' bhàr a-muigh. Tha slugh a' Chala a' fàs nas sine oir tha e doirbh òigridh a chumail san sgìre às dèidh colaiste agus oilthigh. Bidh an sgìre a' faighinn airgead leas coimhearsnachd bho thuathanas-gaoithe faisg air làimh agus uaireannan chan eil a' Chomhairle Coimhearsnachd cinnteach mar a bu chòir dhaibh an t-airgead a thoirt a-mach dhan choimhearsnachd anns an dòigh a nì an diofar as fheàrr.

Cumhachdan

Ghabh daoine pàirt ann an eacarsaichean deamocratach ann am Baile Chrisdein, Cnoc na Rainich agus sa Chala bho chionn ghoirid, agus thachair an gluasad cumhachd as motha ann an ginealach no barrachd mar thoradh air sin. Bidh buidhnean ùra a nì co-dhùnaidhean a-nis a' coinneachadh gu cunbhalach anns gach àite gus bruidhinn air adhartas le bhith a' leasachadh an àite airson a h-uile duine. Sa phìos a leanas, tha tuairisgeul air mar a tha gach àite a' cleachdadh nan còraichean ùra aca.

Anns a' chiad ìre de Democracy Matters, dh'innis daoine dhuinn gun robh iad airson 's gun rachadh tòrr cumhachd a ghluasad do na coimhearsnachdan. Bu chòir seo saorsa a thoirt seachad gus leasachaidhean a dhèanamh agus gus smaoineachadh às ùr air mar a tha raon de sheirbheisean poblach ag obair san sgìre aca.

Nuair a bha iad a' co-dhùnadh an robh iad airson buidhnean co-dhùnaidh coimhearsnachd ùra a stèidheachadh, bha aig na trì coimhearsnachdan ri co-dhùnadh cuideachd dè bu chòir do na buidhnean dèanamh. Bha frèam laghail ùr air grunn chumhachdan a chruthachadh a bha còir aig na buidhnean ùra sin a ghabhail os làimh, nam measg:

- Cumhachd choitcheann a leigeas leis a' choimhearsnachd a bhith a' gabhail gnìomhan - tha seo air a dhealbhadh gus freagairtean cruthachail a chur an comas a thaobh cùisean ionadail a bhiodh doirbh do phàirtean eile den riaghaltas a dhèanamh. Tha maoineachadh ro-chudromach agus faodar a thogail gu h-ionadail no tro aonta le com-pàirtichean san roinn phoblaich.
- Cumhachdan sònraichte gus uallach co-dhùnaidh a ghabhail thairis airson raon de dhleastanasan far an urrainnear dleastanasan co-ionannachd a choileanadh

cuideachd. Tha eisimpleirean de seo a' gabhail a-steach, am measg rudan eile, a bhith a' gabhail air, ath-chuairteachadh, riaghladh raointean uaine, dealbhadh phrògraman cosnaidh, agus seirbheisean slàinte taobh a-muigh uairean àbhaisteach.

- Cumhachd gus buidseatan co-cheangailte a stiùireadh. Tha maoineachadh dìante aig Cnoc na Rainich airson grunn bhuidhnean coimhearsnachd ionadail. Rinn Baile Chrisdein ath-riarachadh air pàirt den bhuidseat slàinte-inntinn bho chionn ghoirid gus cuimseachadh nas fheàrr air clann is deugairean.
- Cumhachd gus luchd-obrach fhastadh gus dleastanasan rianachd is speisealach a ghabhail os làimh, mar eisimpleir leasachadh coimhearsnachd. Bidh an Cala a' co-roinn clèireach coimhearsnachd le sgìre làimh ris, a bhios a' riaghladh chùmhnanntan seirbheis agus a' cur air dòigh tachartasan coimhearsnachd bliadhnaile gus beachdachadh air adhartas le planaichean coimhearsnachd.
- Cumhachd gus rèiteachaidhean co-obrachail a dhèanamh le coimhearsnachdan faisg air làimh gus seirbheisean a ghabhail thairis far an urrainnear eaconamaidhean sgèile a dhèanamh. Tha Baile Chrisdein mu thràth ann an còmhruidhean le Baile a' Bhacaidh faisg air làimh mu bhith ag amalachadh ghoireasan gus cumhachdan agus buidseatan a bharrachd a ghabhail thairis air raointean co-cheangailte ri slàinte a' phobail.

C1. Ciamar a b' urrainn dhan choimhearsnachd agad an seòrsa cumhachd seo a chleachdadh gus na h-àrd-amasan aice a choileanadh, aig an àm seo agus san àm ri teachd?

C2. Dè na cumhachdan eile a bu chòir cur ri seo, agus a bheil cuid a bu chòir a bhith air an glèidheadh leis na daoine a nì na co-dhùnaidhean an-dràsta?

Riochdachadh


Ann an a' chiad ìre de Democracy Matters, dh'innis daoine dhuinn gu bheil iad a' cur luach ann an deamocrasaidh riochdachail ach gu bheil iad cuideachd airson eadar-mheasgachadh nas motha de dhaoine fhaicinn ann an dreuchdan co-dhùnaidh.

Tha an dàrna leth de bhallrachd nam buidhnean coimhearsnachd ùra a nì co-dhùnaidhean air an taghadh gu dìreach, agus tha an leth eile air an taghadh tro dhòighean eile. Tha an fheadhainn a tha air an taghadh gu dìreach a' gabhail a-steach comhairlichean ionadail. Tha na modhan taghaidh eile a tha air an cleachdadh air an dealbhadh a dh'aona ghnòthach gus dèanamh cinnteach gum bi iomadachd aois is gnè ann agus a' gabhail a-steach guthan nach cluinnear ach ainneamh ann am pròiseasan co-dhùnaidh agus daoine le feumalachdan nach bi seirbheisean poblach gu tric a' coileanadh.

C3. Nuair a smaoinicheas tu air cò a dh'fhaodadh a bhith nam pàirt de bhuidhnean co-dhùnaidh ùra, dè na dòighean as fheàrr gus dèanamh cinnteach gu bheil iad riochdachail de na coimhearsnachdan agus a' neartachadh co-ionannachd?

C4. A' smaoinichadh mun choimhearsnachd agad fhèin, dè na buidhnean a bu mhaith leat a bhith air an riochdachadh tro dhòighean taghaidh eile, agus dè seòrsa modhan a bu chòir a bhith ann gus seo a dhèanamh?

C5. Dè an dreuchd a bhiodh aig riochdairean taghte ionadail, agus dè a bhrosnaicheadh daoine eile a bhith an sàs ann a bhith a' dèanamh cho-dhùnaidhean?



Dh'innse daoine dhuinn gun robh e a' còrdadh riutha tighinn còmhla mar choimhearsnachdan gus brudhinn air mar bu chòir co-dhùnaidhean a dhèanamh a bhios a' toirt buaidh orra san àm ri teachd.

Cunntachalachd agus Com-pàirteachadh

Anns a' chiad ìre de Democracy Matters, dh'innis daoine dhuinn gum feum luchd-dèanamh cho-dhùnaidhean a bhith a' gabhail a-steach na coimhearsnachd agus a bhith cunntachail dhaibh airson an eadar-dhealachaidh a chaidh a dhèanamh leis an stòras iomlan a tha ri fhaighinn.

Tha buidhnean ùra a nì co-dhùnaidhean làn chunntachail dhan choimhearsnachd aca. Thàinig an dà chuid còmhla aig tachartasan coimhearsnachd bliadhnaile gus beachdachadh air an adhartas a rinneadh air prìomhachasan ionadail. Bidh faireachdainn latha-fèill aig tachartasan coimhearsnachd agus tha iad cuideachd a' tabhann an aon chothrom dhan a h-uile duine an guth a thogail mun ath rud a bu chòir do na buidhnean co-dhùnaidh ùra a dhèanamh. Tha an cuideam air conaltradh in-ghabhalach urramach agus beachdachadh le susbaint.

Tha Cnoc na Rainich air a bhith a' dhèanamh dheuchainnean le àrd-ùrlar didseatach a tha fosgailte dhan choimhearsnachd air fad agus a bheir seachad fiosrachadh mu adhartas, còmhla ri bhòtadh air-loidhne, gus cuideachadh le bhith a' suidheachadh phrìomhachasan airson an àm ri teachd. Tha Baile Chrisdein ag obair leis a' choimhearsnachd aig an àm seo gus aontachadh am bu chòir dhaibh barrachd chumhachdan a ghabhail os làimh. Mar phàirt de seo, chaidh faighneachd am bu chòir na dòighean cunntachalachd làithreach a neartachadh mar thoradh air an àrdachadh ann an uallaichean.

C6. Dè na dòighean as fheàrr nad bheachd gus dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean co-dhùnaidh ùra cunntachail dhan choimhearsnachd aca?

C7. A bheil tachartasan coimhearsnachd nan dòigh mhath gus daoine san sgìre a thoirt a-steach ann a bhith a' measadh adhartas agus a' suidheachadh slighe air adhart airson an àm ri teachd?

C8. Dè na dòighean-obrach eile a chuidicheadh gus ìrean àrda de chom-pàirteachadh coimhearsnachd a bhrosnachadh ann am pròiseasan co-dhùnaidh ionadail?



A' suidheachadh Chrìochan agus Prìomhachasan Ionadail

Ann an a' chiad ìre de Democracy Matters, dh'innis daoine dhuinn gu bheil suidheachadh chrìochan agus suidheachadh prìomhachasan ceangailte ri chèile agus gum bu chòir coimhearsnachdan a bhith air an cuideachadh gus seo a cho-dhùnadh dhaibh fhèin.

Chomharraich gach coimhearsnachd crìoch fhiosaigeach “nàdarra” agus “aithnichte gu poblach” tro phròiseas fìor chom-pàirteachail. Às dèidh do na crìochan a bhith air an aontachadh, fhuair na coimhearsnachdan taic bhon roinn phoblaich agus bhon treas roinn gus plana gnìomh coimhearsnachd ioma-bliadhail a chruthachadh. Thug Seanadh Saoranach tòiseachail sa choimhearsnachd ùine agus àite do mhuinntir Bhaile Chrìsdein a bhith ag aontachadh còmhla air an dòigh-obrach iomlan a thaobh a bhith a' toirt cruth-atharrachadh air a' choimhearsnachd aca. Bha conaltradh coimhearsnachd farsaing ann an Cnoc na Rainich agus sa Chala a dh'fhiosraich planaichean gnìomh coimhearsnachd. Bha am plana airson gach àite a' gabhail a-steach an t-sreath de chumhachdan a bha gach coimhearsnachd ag iarraidh gus an lèirsinn a choileanadh. Chaidh pròiseas coltach ri Còir-cheannaich Coimhearsnachd air Fearann a Cheannach² a chleachdadh an uair sin gus deuchainn a dhèanamh an robh daoine airson buidhnean co-dhùnaidh ùra a stèidheachadh gus na planaichean aca a bhuileachadh.

C9. Dè eile a bu chòir a bhith sa phròiseas seo gus raon-ùghdarras làidir a thoirt do bhuidhnean co-dhùnaidh coimhearsnachd a tha air aontachadh leis a' choimhearsnachd?

C10. A bheil dòighean ann gus dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean ùra fhathast gan iarraidh - mar eisimpleir le bhith gan cur air dòigh fad ùine stèidhichte agus fo ùmhlachd bhòtaichean ùrachaidh?



2 Tha mineachadh air an fhacal seo san fhaclair

Inbhean, Goireasan agus Dàimhean

Ann an a' chiad ìre de Democracy Matters, dh'innis daoine dhuinn gum feum goireasan gu leòr a bhith aig na rèiteachaidhean ùra, gum bu chòir dhaibh a bhith air an amalachadh leis na structaran co-dhùnaidh deamocratach a th' ann mar-thà, agus gum bu chòir dhaibh feart a thoirt air feumalachdan a h-uile duine.

Bidh a' choimhearsnachd a' dèanamh co-dhùnadh air na rèiteachaidhean ùra airson buidhnean co-dhùnaidh ùra agus mar sin bidh iad eadar-dhealaichte ann an diofar àiteachan. Tha am pròiseas sgiobalta gus an stèidheachadh a' toirt sùbailteachd gu leòr dhaibh gus dèanamh cinnteach gun obraich iad gu math ann an àite cruinn-eòlach sam bith, bho choimhearsnachdan dùthchail iomallach gu meadhan nam bailtean mòra. Bidh na coimhearsnachdan a cho-dhùineas am pròiseas seo a leantainn a' co-dhùnadh dè cho mòr 's a tha na miannan aca. Ach, feumaidh iad uile seata soilleir de dh'inbhean a leantainn. Tha iad sin air am mìneachadh ann am frèam laghail ùr, agus tha iad a' cur cuideam air dligheachd dheamocratach, ruigsinneachd, còraichean daonna, cruthachalachd, agus buaidh.

Cha bu chòir cruthachadh bhuidhnean co-dhùnadh ùra a bhith na adhbhar ann fhèin. Feumaidh goireasan a bhith aig buidhnean co-dhùnaidh ùra agus feumaidh iad a bhith comasach air obrachadh gu dòigheil leis a' choimhearsnachd ionadail, na coimhearsnachdan ùidh a tha rim faighinn anns gach àite, agus le seirbheisean poblach ionadail. Tha Cairt Coimhearsnachd – air a mhineachadh ann an reachdas cuideachd – a' soilleireachadh nan dàimhean sin agus a' dèiligeadh ris na cùisean a leanas:

- Dh'fhaodadh ullachaidhean maoinachaidh a bhith a' gabhail a-steach airgead sam bith a thèid a thogail tro chisean a bhith air am maidseadh le riaghaltas nàiseanta no ionadail. Faodar brosnachaidhean a chruthachadh airson nan sgìrean as bochda le bhith

a' tabhann teirmean nas fhialaidh dhaibh.

- Frèam airson buidseatan obrachadh a-mach nuair a bhios buidhnean co-dhùnaidh ùra a' gabhail uallach airson foincseanan.
- Taic do bhuidhnean co-dhùnaidh ùr gus am bi a' choimhearsnachd a' gabhail pàirt ann. Bhiodh seo a' gabhail a-steach fòcas air neartachadh chòraichean daonna tro chothrom co-ionann gus pàirt a ghabhail, agus aithnichidh e na cnapan-starra structarail a thaobh com-pàirteachadh a tha mu choinneamh cuid de bhuidhnean leithid daoine air a bheil ciorram.
- Dòigh-obrach a thaobh com-pàirteachadh coimhearsnachd a tha cuideachd a' gabhail a-steach a bhith a' cleachdadh dhòighean ùr-ghnàthach leithid àrd-ùrlaran didseatach gus ruigsinneachd a leudachadh, no Diùraidhean Saoranach gus beachdachadh air cùisean far a bheil eas-aonta ann.
- A' chomhairle speisealta a bheir com-pàirtichean san roinn phoblaich do na buidhnean coimhearsnachd air cuspairean leithid HR, solar, cùisean laghail no ionmhais.
- Riaghladh suathadh-aotrom, a' gabhail a-steach rèiteachaidhean airson eadar-theachd riaghlaidh ma bhios coirbeachd no còmhstri ann.

C11. Ciamar a tha thu a' smaoinneachadh a bu chòir buidhnean co-dhùnaidh coimhearsnachd a bhith air am maoinneachadh?

C12. An iad seo na h-inbhean ceart gus fois inntinn a thoirt seachad gum bi buidhnean co-dhùnaidh coimhearsnachd ùra èifeachdach agus a' làimhseachadh gach neach le urram is spèis?

C13. Ciamar a b' urrainnear cairt a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum biodh deagh dhàimh eadar luchd-co-dhùnaidh coimhearsnachd agus na com-pàirtichean aca ann an riaghaltas nàiseanta agus ionadail agus an roinn phoblaich san fharsaingeachd?

Ag Àrach Comas Coimhearsnachd

Ann an a' chiad ìre de Democracy Matters, dh'innis daoine dhuinn gum bu chòir gum biodh e comasach do choimhearsnachdan gluasad aig an astar aca fhèin, agus gum feumadh iad taic shònraichte.

Tha na trì coimhearsnachdan air a bhith ag obair gu dlùth le luchd-obrach ionadail bho bhuidhnean san roinn phoblaich gus aontachadh mar a libhrigeas iad na prìomhachasan a tha air an comharrachadh anns na planaichean gnìomh aca. Bidh ùine luchd-obrach, sgilean, eòlas agus lionraidhean an lùib nam buidseatan aca. Barrachd is barrachd, tha dealbhan-obrach taobh a-staigh bhuidhnean ionadail san roinn phoblaich ag atharrachadh gus am bi iad co-thaobhadh barrachd ri miannan coimhearsnachd.

Tha comasan agus cultar institiudan ionadail san roinn phoblaich air a bhith air leth cudromach ann an bhith a' cruthachadh rèiteachaidhean ùra a tha a' libhrigeadh miannan choimhearsnachdan. Fhuair luchd-obrach san roinn phoblach taic tro phrògram de thogail comas. Bha seo a' gabhail a-steach còmhraidhean eadar comhairlichean agus na meadhanan ionadail gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh àite airson deuchainnean coimhearsnachd agus a bhith a' gabhail riosgan. Thathar a' tuigsinn nach obraich cuid de na dòighean-obrach ùra mar a bhathar an dùil ach 's e fòcas air ionnsachadh seach a' choire airson rudan a chaidh ceàrr a tha a' cur air adhart leasachadh leantainneach.

Tha cruthachadh bhuidhnean co-dhùnaidh ùra air siostam ùr de riaghaltas ionadail deamocratach a thoirt a-steach aig ìre coimhearsnachd ann an àiteachan mar Bhaile Chrisdein, Cnoc na Rainich, agus sa Chala. Tha fèill mhòr air a bhith air taic agus ionnsachadh co-leithid ag amas air luchd-co-dhùnaidh

coimhearsnachd ùra agus an luchd-obrach aca, stèidhichte air lomlaid Ionnsachaidh Coimhearsnachd na h-Alba³, agus tha seo air a bhith air leth èifeachdach.

Tha comhairlean a tha ann mar-thà cuideachd a' cuideachadh gus rèiteachaidhean ùra àrach san sgìre aca agus a' gabhail os làimh dreuchd ceannardas ro-innleachdail nas motha. Tha seo a' gabhail a-steach planaichean coimhearsnachd a cheangal ri frèam ro-innleachdail nas fharsainge agus a' toirt comhairle do choimhearsnachdan air far an gabhadh eaconamaidhean sgèile a dhèanamh.

Aig an aon àm, tha comhairlean a tha ann mar-thà a' faighinn chumhachdan ùra a tha cur ris an fharsaingeachd de cho-dhùnaidhean a tha an urra riutha. Is e prìomh cheist, nuair a thathar a' beachdachadh air dòighean eile gus cumhachd agus goireasan a cho-roinn eadar riaghaltas nàiseanta agus ionadail, mar a bheir atharrachadh sam bith cothrom nas fheàrr do chomhairlean taic a thoirt do dhòighean àrd-amasach a thaobh riaghladh coimhearsnachd.

C14 Dè na seòrsaichean taic a dh'fhaodadh a bhith aig coimhearsnachdan gus comas a thogail, agus ciamar a dh'fhaodadh seo an t-àite aig comhairlean agus buidhnean san roinn phoblaich atharrachadh?

C15. A bheil cumhachdan agus goireasan sònraichte a bharrachd ann a chuidicheadh buidhnean san roinn phoblaich gus obrachadh gu h-èifeachdach ann an com-pàirteachas le buidhnean co-dhùnaidh coimhearsnachd ùra?

C16. Tapadh leibh airson smaoinichadh air na ceistean seo. Nuair a tha thu a' cur nam beachdan agad thugainn, innis dhuinn mu rud sam bith air am bu chòir fios a bhith againn aig an ìre seo.

Eisimpleirean Làithreach de Cho-dhùnaidhean leis a' Choimhearsnachd

Urras Coimhearsnachd Mhuile is Ìdhe

Tha Urras Coimhearsnachd Mhuile is Ìdhe air a bhith a' toirt seachad pròiseactan leasachaidh coimhearsnachd agus a' cur aghaidh ri ceistean mu iomallachd cruinn-eòlasach agus às-dùnadh sòisealta is eaconamach ann an coimhearsnachdan iomallach is dùthchail far a bheil còrr is 3,000 duine a' fuireach.

Tha sinn a' fastadh 26 daoine aig an àm seo agus ag obair le farsaingeachd de bhuidhnean poblach, prìobhaideach is san treas roinn. Tha sinn ag obair anns a' choimhearsnachd againn fhèin, agus tha sinn fìor mhoiteil às a seo. 'S e cuid de na coileanaidhean againn gun d' rinn sinn na leanas:

- Thog sinn Pàirc Gnìomhachais Aotrom Thobair Mhoire, ionad gnìomhachais luach £2m, gus taic a chumail ri leasachadh agus seasmhachd gnìomhachasan beaga ann am Muile a Tuath.
- Thog sinn agus tha sinn a' ruith An Roth - Ionad Coimhearsnachd agus Iomairt a tha a' toirt seachad àiteachan airson coinneamhan coimhearsnachd agus gnìomhachas, farsaingeachd de chùrsaichean trèanaidh, agus co-labhairtean.
- Tha sinn a' ruith trì bùithtean ath-chuairteachaidh carthannais, stèiseanan glanaidh na tràighe agus diofar soitheach compoist, a' gabhail a-steach fear air sgèile gnìomhachais a tha a' cumail 60 tunna a-mach à lionadh talmhainn gach bliadhna.
- Thog sinn agus ruithidh sinn sgeama dealan-uisge luach £1m a tha a' togail airgead airson pròiseactan coimhearsnachd.
- Thog sinn amar snàmh còmhla ri taigh-òsta ionadail le bhith a' togail airgead agus a' stiùireadh na h-obrach.



- Cheannaich sinn 200 heactair de choille agus bidh sinn a' buain fiodha agus ag ath-chur chraobhan a dh'aithghearr.
- Ruith sinn seirbheis aiseig a bha air a ruith leis a' chomhairle gus an do ruith am maoineachadh a-mach.

Tha deagh dhàimh againn le com-pàirtichean, ach tha pròiseasan co-dhùnaidh slaodach agus doirbh a bhith cinnteach às uaireannan. Barrachd cho-dhùnaidhean air an dèanamh leis a' choimhearsnachd, a' gabhail a-steach mar a thèid stòrasan a chleachdadh, agus mar a b' urrainn dhaibh taic is leasachadh a thoirt air seirbheisean cudromach ann an Muile is Ìdhe.



Slàn is Sunndach



Is e Slàn is Sunndach an t-urras leasachaidh coimhearsnachd airson Camas Long agus an Ruadh Ghleann, sgìre bhailteil eadar-mheasgte le slugh eadarra de 57,000 agus anns a bheil ìrean àrda de bhochdainn is neo-ionannachd.

Is e an lèirsinn againn gur e Camas Long agus an Ruadh Ghleann na h-àiteachan as fallaine agus as sunndaiche airson a bhith a' fuireach ann an Alba. Chaidh a' bhuidheann, a tha leis a' choimhearsnachd, a stèidheachadh ann an 2002, air a riaghladh le daoine às an sgìre agus air a stiùireadh le prìomhachasan ionadail. Am measg nan coileanaidhean againn tha:

- A' furastachadh tasgadh dìreach ann an coimhearsnachdan. Thar nan ceithir bliadhna a chaidh seachad, bha e comasach dhuinn tasgadh dìreach de £2.6m a chur a-steach do choimhearsnachdan ionadail air feadh Camas Long agus an Ruadh Ghleann.
- A' toirt seachad chothroman brioghmhor is tarraingeach leithid obair shaor-thoileach (290 gach bliadhna), cùrsaichean togail sgilean, taic slàinte-inntinn agus riaghladh cuideam, gnìomhan stèidhichte air cluich do chloinn/daoine òga agus teaghlachan troimhe agus gnìomhachdan shòisealta agus coimhearsnachd agus gnìomhachdan beatha fhallain.
- A' toirt cothrom do dhaoine deagh atharrachaidhean a dhèanamh nam beatha

agus sa choimhearsnachd aca, bho bhith a' togail misneachd agus fèin-spèis, gu bhith a' togail sgilean agus dàimhean, gu bhith a' dol an sàs nas motha san nàbaidheachd ionadail aca agus a bhith nas cunntachaile airson an slàinte agus an sunnd fhèin.

- Trì gnìomhachasan iomairt shòisealta shoibheachail: Stèisean rèidio Camglen, bùth baidhsagal agus pròiseact ath-chuairteachadh Bike Town, agus an t-ionad coimhearsnachd againn, Àireamh 18.

Tha sinn airson 's gum bi barrachd chothroman, cumhachd agus buidseit nas motha leis na coimhearsnachdan fhèin. Tha seo a' ciallachadh gum bi tasgadh seasmach aig ìre ionadail, aig an sgèile iomchaidh, gus buaidh, smachd agus saorsa nas motha a thoirt seachad agus obrachadh a rèir suidheachaidhean is seallaidhean ionadail, agus gus barrachd fhuasglaidhean a chleachdadh a chaidh dealbhadh leis a' choimhearsnachd. Gus seo a dhèanamh, feumaidh gluasad mòr a bhith ann ann am poileasaidh agus dòigh-inntinn. Neartaicheadh e an dàimh le com-pàirtichean san roinn phoblaich agus chuidicheadh e iad gus builean nas fheàrr a thoirt seachad, far a bheil iad anns an àite as fheàrr gus na builean sin a thoirt seachad.



WATIF - Woolfords, Auchengray and Tarbrax Improvement Foundation



Is e an lèirsinn de dh'àite brèagha agus beòthail, le càileachd beatha air leth math do na h-uile a th' againn. Air a stèidheachadh ann an 2011, tha Buidheann Leasachaidh Woolfords, Auchengray agus an Tòrr Bhric stèidhichte ann an Dàil Chluaidh dùthchail faisg air cnuic Pentland. Chaidh an t-urras leasachaidh coimhearsnachd againn a stèidheachadh gus airgead leas coimhearsnachd fhaighinn bho thuathan-gaoithe a cho-rèiteachadh, gar cuideachadh gus dùbhlain agus feumalachdan ar coimhearsnachd a choileanadh. Tha soirbheas nach beag air a bhith againn ann a bhith a' cur phròiseactan air dòigh gu ruige seo, nam measg:

- A' toirt seachad seirbheis bus-tacsaidh ionadail le subsadaidh, agus bidh am bus dealain coimhearsnachd againn cuideachd a' toirt ar luchd-còmhnaidh do choinneamhan cùram-slàinte taobh a-muigh na sgìre againn.
- A' toirt seachad seirbheis bann-leathann saideal coimhearsnachd agus a' tabhann eàrlasan do luchd-còmhnaidh gus an cuideachadh leis na cosgaisean stàlaidh aca.
- A' fosgladh bùth coimhearsnachd agus seòmair-bìdh ionadail gus taic a thoirt do mhuintir an àite.
- A' ceannach agus a' sgeadachadh togalach trèigte, a' toirt dachaigh air mhàl air pris ruigsinneach do theaghlach òg ionadail.

- A' toirt seachad sgeamaichean tabhartais do dh'oileanaich ann am foghlam adhartach, airson leasachaidhean coimhearsnachd ionadail agus leasanan dràibhidh le còrr is 100 neach agus buidheann a' faighinn buannachd gu ruige seo.



Tha sinn gu bhith a' ceannach fearann agus togalaichean a dh'aithghearr, a bheir comas dhuinn taic a chumail ri leasachadh eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta seasmhach a tha air aon de na h-amasan ro-innleachdail againn. Leigidh comas barrachd cho-dhùnidhean a dhèanamh dhuinn barrachd smachd a bhith againn agus cuidichidh e sinn ann a bhith a' coileanadh an amais seo.

Tha fios againn dè a tha cudromach gu h-ionadail, agus feumaidh sinn a bhith an sàs anns na co-dhùnidhean a bheir buaidh air ar beatha gus dèanamh cinnteach gum bi a' choimhearsnachd againn a' soirbheachadh agus a' fàs nas seasmhaiche. Tha maoinachadh leantainneach seasmhach cuideachd deatamach gus seo a choileanadh.



Faclair

Seanadh Saoranach na h-Alba

Tha Seanadh Saoranach na h-Alba na bhuidheann de 100 saoranach bho air feadh na h-Alba a tha riochdachail den dùthaich gu ìre mhòr agus a bhith a' tighinn còmhla gus dèiligeadh ris na ceistean a thaobh dè seòrsa dùthcha a tha sinn a' feuchainn ri thogail.

Buidseat com-pàirteachail

Tha buidseatadh com-pàirteachaidh air aithneachadh gu h-eadar-nàiseanta mar dhòigh anns am faigh muinntir an àite guth dìreach air mar a thèid airgead poblach a chaitheamh. Ann an Alba, thar an dà bhliadhna a dh'fhalbh, tha còrr air 100,000 neach air bhòtadh air mar a chosgas iad faisg air £6 millean taobh a-staigh nan coimhearsnachdan aca.

Còir-cheannaich Coimhearsnachd

Còir ro-chasgach gus fearann a cheannach do choimhearsnachdan air feadh Alba. Tha a' chiad roghainn aig coimhearsnachdan a tha air ùidh coimhearsnachd a nochdadh gu soirbheachail ann am fearann a bhith ga cheannachd nuair a thèid am fearann clàraichte a thabhann airson a reic.

Iomlaid Ionnsachaidh Coimhearsnachd

Cothrom do choimhearsnachdan a bhith ag ionnsachadh tro bhith a' co-roinn bheachdan agus fhuasglaidhean. Gu tric, 's e a' phàirt as luachmhoire a bhith a' coinneachadh ri daoine ùra leis na h-aon ùidhean agus a' faighinn bheachdan agus sheallaidhean ùra air dùbhlain a th' aca sa chumantas.



© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2023

OGL

Tha am foillseachadh seo air a cheadachadh fo chumhachan Cead Riaghaltas Fosgailte v3.0 ach a-mhàin far a bheil an caochladh air a ràdh. Gus an cead seo fhaicinn rach gu **nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3** no sgrìobh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, An Tasglann Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuir post-d gu: **psi@nationalarchives.gsi.gov.uk**.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh sibh cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn aig **www.gov.scot**

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig
Riaghaltas na h-Alba
Taigh Naomh Anndrais
Dùn Èideann
EH1 3DG

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, am t-luchar 2023.

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant, Dùn Èideann EH6 5NA
PPDAS1326382 (07/23)

W W W . G O V . S C O T